

26 Lùnastal 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Mhàrt 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Acadamaidh Fharfair. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard-sgoile agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha daoine òga ag aithneachadh ghnàth-ghnìomhan soilleir a' chlasruim agus tha iad ag ionnsachadh ann an àrainneachd chiùin far a bheilear a' toirt sùim do chèile. Tha luchd-teagaisg air structar soilleir a leasachadh a bhios iad a' cleachdadh gus leasain ionnsachaidh a libhrigeadh do dhaoine òga. Mar thoradh air seo, tha eòlasan nan daoine òga sa chlasrum nas co-chòrdail.
- Tha na daoine òga sa 'Hub' a' faighinn deagh thaic gus buileachadh agus coileanadh a ruigsinn aig ìrean iomchaidh agus iad a' faireachdainn gu bheil iad nam buill luachmhor ann an coimhearsnachd na sgoile nas fharsainge.
- Tha tuigse làidir aig luchd-obrach air co-theacsa na sgoile. Tha iad eòlach air na daoine òga is an teaghlach. Tha seo a' ciallachadh gu bheilear a' toirt seachad raon a tha a' sìor-dhol am meud de thaicean co-fhreagrach, cothromach, ciallach gus an comas a thoirt do dhaoine òga a bhith soirbheachail.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh, agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Aonghais.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra a' leasachadh càileachd an teagaisg, ionnsachaidh agus measaidh thar na sgoile. Bu chòir gu bheil seo a' gabhail a-steach gnìomhan is gnìomhachdan a tha air an suidheachadh aig ìre duilgheadais a tha ceart airson nan daoine òga uile. Bu chòir do luchd-teagaisg cumail orra a' leasachadh barrachd co-thuigse air ionnsachadh is teagasg de dh'àrd-chàileachd.
- Feumaidh luchd-obrach miannan agus buileachadh àrdachadh am measg nan daoine òga. Bu chòir gu bheil seo a' gabhail a-steach barrachd obrach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèanamh deagh bhreithneachaidhean proifeiseanta air coileanadh airson ìrean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais thar a h-uile cuspair.
- Bu chòir do luchd-obrach fòcas sònraichte a chur air piseach a thoirt air buileachadh nam buidhnean de dhaoine òga, agus dhiubhsan a tha ann an ÀS5 agus ÀS6, a tha sa mheadhan agus aig an ìre as àirde a thaobh buileachadh. Bu chòir do luchd-obrach obair cuideachd air piseach a thoirt air builean ann an àireamhachd agus ann am matamataig.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh slatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè a tha math agus dè a dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

## Seo na luachaidhean a rinn Foghlam Alba airson Acadamaidh Fharfair

Slatan-tomhais deagh-ghnè	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	lag
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4<sup>mh</sup> eagraan)</a> , <a href="#">Pàipear-taice 3: An sgèile sia-puing</a> .	

Gheibhear sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche ann, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), air làrach-lìn Foghlam Alba aig:  
[Acadamaidh Fharfair | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#).

### Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air co-dhùnaidhean ar sgrùdaidh, tha sinn den bheachd gum feum an sgoil tuilleadh taice agus barrachd ùine gus na leasachaidhean riatanach a dhèanamh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle Aonghais a thaobh comas na sgoile a leasachadh. Tillidh sinn a dhèanamh sgrùdadh eile air an sgoil taobh a-staigh aon bhliadhna bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' dèanamh còmhraidh ri Comhairle Aonghais air na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn a sgrùdadh na sgoile, cuiridh sinn fios thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim mun adhartas a rinn an sgoil.

Frances E. Graham  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh